

A' CHAILIN MHAISEACH DHONN

Gleus Ab.

Le Iain MacGilleathain, Tiridhe.

Rann.

1. A ghruag-ach a' chùil shnìomh-an-aich, Bhean òg is miann - ach
 d : - : - | - : - : s, | d : r : - | m : - : f | s : - : d | d : - : r
 leam, Do phearsa dhì-reach, chumachd-ail, 'S i
 f : s : - | m : - : d | r : - : - | - : - : s | l : f : - | f : l : -
 chuir mi ort an geall: Is mai-seach, ban-ail,
 s : - : m | m : - : d | r : d : - | r : m : - | s : - : - | - : - : s,
 cliùì-teach thu 'S ro mhodhail aig gach ám, 'S tha
 m : - : r | d : - : t, | l, : - : d | m : - : f, | s : - : d | d : - : r
 blàth mar dhrùchd na h-iar-mailt ort, Mar dheàrr-sadh gréin air
 d : - : - | - : - : ||
 fonn.

2. Mo chailin chruinn dheas fhumanach
 Tha urram ort nach gann,
 'S tu thogadh smal is mìghean dhìom
 An uair bhiodh m' inntinn trom;
 'S tu dheanadh tric dhomh ùrachadh,
 'S bu shunndach thogadh fonn
 Le guth mar cheòl na fìdhle
 No mar smeòraich bhinn nam beann.
3. Ceud soraidh slàn thar chuantan leat,
 A ghruagach mhaiseach, dhonn,
 Le duil gum faic mi sàbhailt' thu
 Bheir mi mo dhàn gu ceann;
 'S ged chaidh tu fad air astar bhuan
 De Ghlasachu nan Gall,
 'S i tìr a' mhurain dhùghuirm
 A bu dùthchas dut bhith ann.

Rhythms should be changed in other verses as required by differing lengths of vowels.